

## **Inneal Didseatach Frèam-obrach Ionnsachaidh is Leasachaidh na h-Alba (SLIF)**

Tha an dreach de Frèam-obrach Ionnsachaidh is Leasachaidh na h-Alba airson Taic Cùram Sòisealta Inbheach agus Slàinte Coimhearsnachd (SLIF), ag amas air taic a chur ri piseach anns na toraidhean a tha cudromach do dhaoine a chleachdas agus a dh'obraicheas ann an seirbheisean cùram agus taic.

Gus dèanamh cinnteach gun gabh an dreach den SLIF a chleachdadh mar thaic do sgìrean ionadail gus ionnsachadh agus càileachd fighe a-steach, dh'iarr Riaghaltas na h-Alba air Matter of Focus agus Buidheann-obrach Sealach thar-roinneil dreach de Inneal Didseatach SLIF ullachadh.

Cuidichidh an t-Inneal Didseatach gus an tuig buidhnean:

- na tha iad ris,
- cho math is a thathas ag obair, agus
- mar a bheir an cuid obrach piseach air fèin-fhiosraichidhean agus toraidhean dhaoine.

Bheir e còmhla fiosrachadh a bhios seirbheisean a' cruinneachadh mu thràth agus gan cuideachadh gus ionnsachadh bhuaithe ann an dòigh nas soilleire agus nas brìghmhoire.

### **Carson a tha an leithid a dhìth?**

Thuir daoine rinn gu bheil an siostam a tha ann toinnte, le mòran fhrèamaichean-obrach, riatanasan aithris, agus uallaichean eadar-dhealaichte air luchd-obrach.

Tha an t-inneal didseatach ag amas air:

- cur às do dhùblachadh,
- cuideachadh sheirbheisean gus ionnsachadh bho na tha ag obair ceart agus a' chuid nach eil,
- taic a thoirt do cho-dhùnaidhean nas fheàrr, agus
- piseach a thoirt air a' chùraim agus an taic a gheibh daoine.

### **Ciamar a chaidh a dhèanamh?**

Rinneadh an t-inneal ann an co-bhonn ri:

- luchd-cleachdaidh sheirbheisean agus luchd-cùraim
- luchd-obrach bho Chom-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta (HSCPs),
- buidhnean san treas roinn agus san roinn neo-eisimeileach,
- buidhnean nàiseanta leithid Coimisean a' Chùraim agus NHS na h-Alba.

Chuir còrr is 100 neach bho 47 buidheann ri obair air an inneil.

### **Dè nì an t-inneal?**

Tha ceithir prìomh “shlighean” san inneal a chleachdas seirbheisean gus an obair aca a thuigsinn agus a leasachadh:

1. **Taic do Dhaoine** – dè cho math 's a chuidicheas seirbheisean na daoine a dh'ionnsaigh nan toraidhean a tha cudromach dhaibh.
2. **Leasachadh Feachd-obrach** – taic, trèanadh agus luach luchd-obrach.
3. **Riaghladh, Càileachd agus Toraidhean IJB** – mar a chumas Bùird Amalaichte sùil air adhartas agus a ruigeas iad co-dhùnaidhean.
4. **Coimiseanadh agus Solarachadh** – mar a thèid seirbheisean a phlanadh agus a cheannach

Tha ceumannan soilleir agus eisimpleirean de “cò ris a tha math coltach” anns gach slighe, stèidhichte air inbhean agus stiùireadh nàiseanta.

### **Dè na buannachdan a tha ann?**

Thuirt daoine rinn gum faodadh an t-inneal cuideachadh le:

- cuimseachadh air builean ann am beatha dhaoine,
- aithris a dhèanamh nas sìmplidh agus nas cunbhalaich,
- ionnsachadh a sgaoileadh air feadh Alba,
- piseach a thoirt air follaiseachd agus cunntachalachd,
- cuideachadh le luchd-obrach agus buidhnean gus atharrachaidhean matha a dhèanamh.

### **Dè an ath rud a thachras?**

Is e **dreach** a tha anns an inneal didseatach. Bithear a' feuchainn a-nis ann an corra sgìre gus an tuigear:

- cho furasta agus a tha e a chleachdadh,
- dè an taic a tha a dhìth air buidhnean, agus
- ciamar a chuidicheas e le obair leasachaidh ionadail agus nàiseanta.

Às dèidh dheuchainnean, leasaichear an t-inneal agus ullaichear e airson a chleachdadh nas fharsainge air feadh Alba.